



Ro-innleachd agus Plana Ath-bheothachaidh Covid-19 HIAL airson 2021-26

Seirbheisean Adhair Seasmhach

A' ceangal ar coimhearsnachdan
agus a' dìon ar n-àrainneachd

Ro-ràdh

Tha an sgrìobhainn seo a' cur air bhog Ro-innleachd agus Plana Ath-bheothachaidh Covid-19 aig Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta (HIAL) airson 2021-2026.

Tha e a' mineachadh nan amasan agus nam prìomhachasan ro-innleachdail a tha sinn air comharrachadh gus cuideachadh le bhith a' togail lionra puirt-adhair roinneil a tha neodrach a thaobh carbon, agus aig an aon àm a bhith a' cumail air a' toirt taic do shoirbheas eaconamach agus a' libhrigeadh bhuanachdan sòisealta do choimhearsnachdan air feadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean.

Ach, bha sinn air planadh tionndadh eile den Phlana seo a chur air bhog sa Mhàrt 2020 – dìreach mun aon àm 's a thòisich sgapadh Covid-19. Cho-dhùin sinn foillseachadh a' phlana agus nam prìomhachasan corporra againn a chur dheth gus am b' urrainn dhuinn an cothrom a ghabhail gus ath-bhreithneachadh a dhèanamh air buaidh Covid-19 air an obair againn – chan ann a-mhàin mar a fheagair sinn sa gheàrr-ùine (faic taobh-duilleig 6), ach cuideachd air a' bhuidhe a tha air a bhith aige air mar a chuireas sinn prìomhachas air na h-amasan is cinn-uidhe againn sa mheadhan-ùine agus san fhad-ùine.

Mar thoradh air sin, tha am Plana Ro-innleachdail againn gu bhith na Phlana Ro-innleachd is Ath-bheothachaidh Covid-19, a' cur an cèill mar a tha sinn ag amas air freagairt a thoirt air a' bhuidhe mhòr a bh' aig Covid-19 air a' ghnìomhachas againn ann an 2020 agus mar a tha sinn ag amas air ath-bheothachadh sna bliadhnan ri teachd.

Chan eil teagamh sam bith ann nach bi buaidh aig a' ghalar-sgaoilte air beatha dhaoine airson greis fhathast, agus air gach raon gnìomhachais, ach gu sònraichte air na gnìomhachasan siubhail is còmhdhail. Ach tha e cuideachd air daingneachadh cho cudromach – fiù 's cho riatanach – 's a tha an dleastanas aig puirt-adhair HIAL a bhith a' cumail nan coimhearsnachdan againn ceangailte. Tha seo air daingneachadh cho cudromach 's a tha a bhith a' coileanadh tòrr de na prìomhachasan agus builean a dh'aontaich sinn roimhe. Tha e air sealltainn dhuinn gum feum sinn fòcas a chumail air na th' againn ri dhèanamh gus an gnìomhachas againn ath-thogail nas fheàrr is nas treasa.

Clàr-innse

Facal-toisich	1	A' libhrigeadh Seirbheis Custamair agus Gníomhan aig Ìre na Cruinne	11
Mu ar deidhinn	2	Leasachadh Shlighean agus a' Cur ri Ceangailteachd	12
Ar Misean, Lèirsinn agus Luachan	3	Fàs Eaconomach Seasmhach	14
Na Dùbhlain againn	4	A' libhrigeadh Cruth-atharrachadh Didseatach	15
Dùbhlain Covid-19	6	A' togail Chom-pàirteachasan Soirbheachail	16
An Ro-innleachd Ath-bheothachaidh againn	8	A' leasachadh nan Daoine againn	18
Cùram agus Sàr-mhathas a thaobh na h-Àrainneachd	9	An t-Ath-nuadhachadh againn	19

Facal-toisich

Fàilte gu Ro-innleachd agus Plana Ath-bheothachaidh Covid-19 aig Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta (HIAL) airson 2021-2026. Chan eil an turas chun na h-ìre seo air a bhith furasta, ach tha sinn toilichte na prìomhachasan ro-innleachdail agus na prìomh amasan a chur an cèill a tha sinn den bheachd a chuidicheas ar gnìomhachas gus togail air ais nas fheàrr anns na bliadhnan ri teachd.

Rinneadh tòrr den obair gus an ro-innleachd seo a chruthachadh ro sgaoileadh a' choròna-bhiorais ann an 2020. San dòigh seo, tha e na adhbhar misneachd dhuinn gun do rinn sinn ath-sgrùdadh air agus gun do cho-dhùin sinn gun robh tòrr den t-susbaint anns a' phlana againn fhathast buntainneach agus, gu dearbha, nas cudromaiche a-nis na bha e riamh. Mar phàirt den ath-sgrùdadh, tha sinn den bheachd gu bheil e feumail na prìomh clachan-mìle san t-slighe gu ruige seo a mhineachadh.

Anns an Dùbhlachd 2016, dh'iarr Ministear na Còmhdaidh is nan Eilean air HIAL ath-sgrùdadh a dhèanamh air seirbheisean-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean. Às dèidh sin ann an 2017, choimisean sinn Oilthigh Cranfield gus sgrùdadh a dhèanamh air riosg gnothachais agus ath-leumachd airson HIAL. Dhaingnich co-dhùnaidhean an sgrùdaidh agus an aithisg gu bheil ceanglaichean adhair làidir agus air pris reusanta deatamach gus taic a thoirt do choimhearsnachdan beòthail agus seasmach gu h-eaconamach air a' Ghàidhealtachd agus sna Eileanan.

Gu dearbha, le roghainnean siubhail uachdar cuibhrichte, tha ceanglaichean adhair air an aithneachadh mar cheanglaichean riatanach ma tha na pàirtean as iomallaiche den Ghàidhealtachd – agus gu sònraichte na h-Eileanan – gu bhith soirbheachail san àm ri teachd. Dh'fhàs seo na b' fhollaisiche buileach nuair a thòisich an galar sgaoilte tràth ann an 2020.

Ach, fiù 's nuair a bha sinn a' tighinn còmhla gus freagairt a thoirt seachad a thaobh Covid-19, bha sinn fhathast gu math mothachail air èiginn leantainneach na gnàth-shìde, mar a chaidh a ghairm le Riaghaltas na h-Alba ann an 2018, agus gum feum am plana ath-bheothachaidh againn a bhith seasmach gu h-àrainneachdail. Nuair a tha sinn a' feuchainn ri lìonra seirbheisean adhair amalaichte a ghlèidheadh is fiù 's a leudachadh a tha a' cumail taic is brosnachadh gu leasachadh na sgìre againn mar as còir, agus a tha a' cur ris na seirbheisean air na slighean 'loidhne-teasairginn', tha sinn ag aithneachadh gum feum sinn coimhead air modalan-obrachaidh a tha sàbhailte ach eadar-dhealaichte gus an obair againn a dhi-charbonachadh is gus seirbheisean adhair nas uaine a chur an comas.

Le adhartasan ùra ann an teicneòlas, bidh siubhal-adhair nas glaine nas so-dhèanta – 's ar n-amas gum bi HIAL aig fìor thoiseach oidhirpean na h-Alba a bhith a' gluasad air adhart ri Alba beag-carboin san àm ri teachd – an dà chuid ann an còmhdaidh agus mar dhùthaich. Tha sinn cuideachd ag aithneachadh gum feum sinn gabhail ri teicneòlasan ùra gus seirbheisean a leasachadh agus gus cur ri ath-leumachd, seasmachd agus èifeachdachd nan gnothaichean againn.

Is iad na h-àrd-amasan seo fòcas a' phlana a tha a' cur an cèill an dà chuid ar freagairt ri dùbhlain Covid-19 sa bhàd, ach cuideachd na prìomhachasan obrachaidh againn agus sinn a' feuchainn ri dòighean ùra is ùr-ghnàthach a lorg a chuidicheas sinn gus freagairt nas fheàrr air feumalachdan nan coimhearsnachdan againn san fhad-ùine a bhios freagarrach airson àm ri teachd a bhios beag-carboin.

Tha sinn ag aithneachadh nach gabh cuid de na cothroman a tha air an comharrachadh sa phlana seo a thoirt gu buil às aonais iomairtean ùra agus taic bhon riaghaltas, agus obraichidh sinn gu dlùth le Riaghaltas na h-Alba agus buidhnean eile gus seo a choileanadh. Gu dearbha, tha sinn a' coimhead air adhart ri bhith ag obair le ar daoine, ar com-pàirtichean agus ar coimhearsnachdan gus am plana seo a libhrigeadh agus ar lèirsinn fhad-ùine a thoirt gu buil gus a bhith nar buidheann puirt-adhair roinneil a tha net-zero.



Lorna B Jack

Lorna Jack
Cathraiche, Bòrd HIAL



Inglis Lyon

Inglis Lyon
Manaidsear-stiùiridh

Mu ar deidhinn

'S e companaidh earranta phrìobhaideach a th' ann am Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta (HIAL) a tha fo shealbh Ministearan na h-Alba agus a tha cunntachail airson stiùireadh agus ruith 11 puirt-adhair sgìreil suidhichte sna h-àiteachan a leanas: Barraigh, Beinn na Faoghla, Ceann Loch Chille Chiarain, Dùn Dè, Inbhir Nis, Ìle, Kirkwall, Stromness, Steòrnabhagh, Sumburgh, Tiriodh agus Inbhir Ùige Taigh Iain Ghròt.

Ag obair le ar luchd-ùidh, tha sinn dealasach a thaobh a bhith a' toirt taic dhan ról shòiseo-eaconamach dheatamach aig seirbheisean adhair ann an Alba le bhith a' cumail suas agus a' leasachadh nam port-adhair agus nan ceanglaichean a bheir iad seachad airson cuid de na coimhearsnachdan as iomallaiche san dùthaich againn.

Tha sàbhailteachd na bhunait airson gach pàirt den obair againn. Tha prògram sàbhailteachd is tèarainteachd làidir againn a choileanas gèilleadh riaghlaidh air feadh na buidhne againn. Bidh sinn an-còmhnaidh a' dèanamh ath-sgrùdadh air na siostaman agus na modhan-obrach againn gus dèanamh cinnteach gu bheil na h-ìrean as àirde de choileanadh sàbhailteachd aig a' bhuidhinn againn agus aig gach puirt-adhair againn.

Tha na prìomh ghniomhan againn a' gabhail a-steach:

- A' ruith puirt-adhair a bhios a' leantainn inbhean riaghlaidh agus a' cumail taic ri ceangailteachd còmhdaidh riatanach.
- A' cumail suas agus a' leasachadh bun-structar agus seirbheisean puirt-adhair
- Ag obair le loidhneachan-adhair is eile gus a bhith a' cumail suas agus a' leasachadh seirbheisean adhair sgeidealichte, air siartair, agus bathair
- A' cur ris an teachd a-steach choimeirsealta againn gus am bi an gnìomhachas nas ath-leumaich



* Chaidh HIAL a stèidheachadh ann an Dùn Èideann air 4 Màrt 1986 mar chompanaidh earranta phrìobhaideach. Air 1 Giblean 1995, ghluais seilbh na companaidh bho Ùghdarras Itealachd Shìobhalta na RA gu Rùnaire na Stàite airson Alba agus an uair sin do Mhinistearan na h-Alba. Bidh HIAL a' faighinn thabhartasan bho Rìghaltas na h-Alba a rèir earrainn 34 de dh'Achd Itealan Catharra 1982 agus a' faighinn taic bho Chòmhdhail na h-Alba – Buidheann-stiùiridh Itealain, Mhuireil, Bathair is Canàlan.

Ar Misean, Lèirsinn agus Luachan

'S e misean HIAL a bhith a' cruthachadh bhunnachdan sòisealta agus soirbheas eaconamach le bhith a' togail buidheann phort-adhair seasmhach Albannach airson an àm ri teachd.

Tha seo air a dhaingneachadh leis an lèirsinn againn gu bheil sinn airson a bhith nar **'buidheann phort-adhair roinneil a tha net-zero a thaobh carboin'**.

Ar Luachan

Tha na luachan againn aig cridhe gach rud a nì sinn agus mar a nì sinn e. Tha iad a' mineachadh cò sinn; na tha sinn a' sùileachadh bho chèile agus bhuainn fhìn; mar a bhios sinn ag eadar-obrachadh le chèile agus mar a bhios sinn ag eadar-obrachadh le ar custamairean, coimhearsnachdan agus luchd-ùidh eile. Tha cultar làidir stèidhichte air luachan a tha a' cumail taic ri libhrigeadh nam prìomhachasan ro-innleachdail againn aig cridhe ar soirbheas san ùine fhada.



Bidh sinn ag obair còmhla gus earbsa a thogail anns an eòlas/sna sgilean againn; chan eil sinn ag obair ann an silothan fèin-ùidh.



Bidh sinn daonnan ag èisteachd ri, agus a' freagairt ri custamairean agus co-obraichean; cha dèan sin dearmad air feumalachdan càch.



Tha sinn daonnan a' feuchainn ri rudan a dhèanamh san àm ri teachd, cha bhi sinn dìreach a' gabhail ris an status quo.



Bidh sinn daonnan a' gabhail uallach airson ar cuid gnìomhan; chan eil sinn an dùil gun dèan daoine eile seo.



Bidh sinn daonnan a' dèanamh ar dicheall gus an ìre as fheàrr as urrainn dhuinn a libhrigeadh; cha ghabh sinn ri dad nas lugha.

Na Dùbhlain againn

Fiù 's ro ghalar sgaoilte Covid-19, bha sinn a' cur aghaidh air raon farsaing de dhùbhlain air an taobh a-staigh agus taobh a-muigh fhad 's a bha sinn a' feuchainn ri buidheann puirt-adhair roinneil soirbheachail is seasmhach a bhith againn thar sgìre mhòr is eadar-mheasgte.

Tha na dùbhlain sin fhathast ann an-diugh, ach feumaidh sinn cuideachd feart a thoirt air buaidh Covid-19 air a' ghnìomhachas againn agus air gnìomhachas nan seirbheisean-adhair san fharsaingeachd san RA, san Roinn Eòrpa agus nas fhaide air falbh.

Tha e sàbhailte a ràdh, aig an àm seo, gu bheil sinn ag obair ann an suidheachadh làn mi-chinnt. Mi-chinnt mar thoradh air

Covid-19, agus gnìomhachasan air feadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean a' feuchainn ri faighinn seachad air a' bhuidheann eaconamaich, ach cuideachd mi-chinnt a bharrachd mar thoradh air Breatainn a bhith a' fàgail na Roinn Eòrpa, astar atharrachaidh teicneòlach a tha a' sìor fhàs, cuideam leantainneach air ionmhas poblach na RA, agus àrdachadh ann an draghan àrainneachd am measg a' mhòr-shluaigh.



Ceann Loch Chille Chiarain – dealbh le buidheachas do Raymond Hosie



Port-adhair Bheinn na Faoghla



Port-adhair Ile

An dà dhealbhadh ro Chovid-19

Taobh a-staigh na Gàidhealtachd is nan Eileanan, tha sinn a' frithealadh farsaingeachd de choimhearsnachdan bho chathair-bhailtean a tha a' fàs do na h-eileanan as iomallaiche againn. Chaidh na dùbhlain shòisealta, eaconamach agus chruinn-eòlasach a tha mu choinneimh mòran de na coimhearsnachdan as iomallaiche ann an Alba a mhineachadh ann am Plana Nàiseanta Eileanan na h-Alba, a chaidh fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba san Dùbhlachd 2019. Airson HIAL, is e an dùbhlain farsaing a bhith a' coileanadh an fheum fad-ùine gus na coimhearsnachdan as iomallaiche a cheangal air feadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean, agus aig an aon àm a bhith a' dìon tè de na h-àrainneachdan as sònraichte san Roinn Eòrpa. Tha iomadh factar san dùbhlain seo:

Sluagh beag is sgaipte thairis air sgìre mhòr

'S e Inbhir Nis am port-adhair as motha aig HIAL agus chaidh a chleachdadh le còrr is 946,000 luchd-siubhail ann an 2019. Chaidh seo an lughad gu beagan is 246,000 ann an 2020 mar thoradh air bacaidhean siubhail. Tha am port-adhair a' frithealadh sgìre de mu 28,000 km² (barrachd air an treas cuid de dh'Alba air fad) ach le sluagh de dìreach mu 330,000 – dìreach sia sa cheud de mhuintir na h-Alba. Aig taobh eile na sgèile, tha seirbheisean adhair bho eileanan ann an Innse Gall, Arcaibh agus Sealtainn a' frithealadh shluaghan eadar 5,000 agus nas lugha na 600.

Roghainnean siubhail cuibhrichte airson luchd-còmhnaidh agus gnìomhachasan

Tha mòran de na coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh fada bho na prìomh ionadan sluaigh agus gu tric tha roghainnean còmhdaidh rathaid/rèile cuibhrichte. Airson a' mhòr-chuid aca, tha seo a' gabhail a-steach tursan aiseig nach eil ro thrì agus air an toir an aimsir buaidh gu tric. Mar sin tha seirbheisean adhair earbsach deatamach do mhòran gnìomhachasan beaga a tha gu mòr an urra ri margaidhean air an taobh a-muigh, agus a dh'fheumas eadar-obrachadh le custamairean nàiseanta agus eadar-nàiseanta. Mar an ceudna, tha luchd-còmhnaidh ann an coimhearsnachdan iomallach an urra ris na puirt-adhair beaga aig HIAL airson cothrom air nithean sòisealta is cur-seachadan – agus mòran de na seirbheisean 'loidhne-beatha' deatamach.

Cosgais siubhal adhair agus na tha luchd-siubhail an dùil ris

Tha margaidh seirbheisean adhair na RA gu ìre mhòr san roinn phrìobhaidich, far a bheil smachd aig companaidhean adhair le prìsean ìosal air seirbheisean. Ach, an coimeas ri sin, bidh mòran de lionra nan seirbheisean adhair air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan a' faighinn taic bho mhaoineachadh poblach gus dèiligeadh ri neo-ionannachd agus gus dèanamh cinnteach gu bheil coimhearsnachdan fhathast ceangailte. Mar thoradh air an dà fhactar seo, tha beachdan làidir gu tric aig luchd-siubhail air na cosgaisean agus ìre seirbheis a bu chòir a bhith ann. Aig an àm seo, tha an Dleastanas Seirbheis Poblach (PSO) agus an Sgeama Lasachadh Adhair ag amas air dèiligeadh ris na dùbhlain sin. Tha na sgeamaichean seo, a tha air am maoinneachadh leis an roinn phoblach, a' toirt cothrom do luchd-còmhnaidh na Gàidhealtachd agus nan Eilean faraidhean nas ìsle fhaighinn airson siubhal cur-seachad, ach a dh'aindeoin nan eadar-theachdan sin, tha cosgais fhathast na chùis chudromach do luchd-cleachdaidh tursan-adhair taobh a-staigh na h-Alba.

Tricead nan seirbheisean a th' air an toirt seachad

Cha deach an ìre as lugha de sheirbheisean aontaichte a dh'fheumas a bhith aig coimhearsnachdan gus taic a thoirt do leasachadh eaconamach a chomharrachadh. Le raon farsaing de bhuidhnean poblach agus companaidhean prìobhaideach an sàs ann an seirbheisean adhair, tha sinn feumach air ath-sgrùdadh air a mhaoineachadh le Riaghaltas na h-Alba agus le beatha ghoirid gus faighinn a-mach dè na seòrsachan seirbheis agus dè cho tric a dh'fheumas iad a bhith gus an taic as fheàrr a thoirt do dh'fhàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach, agus aig an aon àm a bhith a' cleachdadh maoinneachadh poblach san dòigh as èifeachdaiche às dèidh Covid-19.

Dùbhlán Covid-19

Cha robh 2020 coltach ri bliadhna sam bith eile. Tha suidheachadh èiginn na slàinte bho Chovid-19 air a bhith na àm fìor dhùbhlánach airson nan gnìomhachasan siubhail is seirbheisean adhair, agus thug e buaidh air gach taobh den obair againn.

Ro dheireadh 2020, bha sinn air isleachadh bliadhnail iomlan de 66%* fhaicinn ann an àireamhan luchd-siubhail, agus isleachadh ann an gluasadan phlèanaichean de mu 42%*, air feadh nam port-adhair againn. Le buaidh cho mòr, is fhiach e coimhead air a' ghrad-fhreagairt againn, a chuidich sinn gus bun-stèidh a thogail airson ath-bheothachadh.

A' ghrad-fhreagairt againn

Aig deireadh an Fhaoilich, às dèidh aithrisean tràth mu Chovid-19, rinn sinn ath-sgrùdadh air plana nan galaran gabhaltach a bha an gnìomh aig na puirt-adhair againn. B' e seo a' chiad cheum anns an leudachadh luath de lasachaidhean Covid-19 againn agus rinn sinn conaltradh le Riaghaltasan na h-Alba is na RA, leis an NHS, le com-pàirtichean seirbheisean èiginn, buidhnean gnìomhachais agus an CAA gus an fhreagairt thràth againn a cho-òrdanachadh.

Bhon toiseach, ghabh sinn ri stiùireadh aig Buidheann Sàbhailteachd Seirbheisean-adhair na h-Eòrpa (*European Aviation Safety Agency – EASA*) gus taic a chumail ris a' ghnìomhachas. B' e am prìomhachas againn tràth sa Mhàrt luchd-obrach is luchd-siubhail a dhìon agus a bhith cuideachd a' feuchainn ris na seirbheisean riatanach a chumail seasmhach.

Dh'obraich sinn gus na puirt-adhair uile againn a dhèanamh tèarainte a thaobh Covid, agus ghabh sinn gu tràth ri sreath de cheuman a' gabhail a-steach stiùireadh luchd-siubhail èifeachdach, prògraman glanaidh leasaichte, a bhith a' cleachdadh stuth-slàinteachaidh agus a bhith a' toirt a-staigh farsaingeachd de PPE.

A rèir stiùireadh air Slàinte a' Phobaill, lùghdaich loidhnichean-adhair na seirbheisean sgeidealaichte aca agus rinn sinn ath-sgrùdadh air na h-uairean obrachaidh aig gach fear de na 11 puirt-adhair againn gus cumail ri clàran-ama adhair làithreach agus aig an aon àm, a' glèidheadh ath-leumachd an luchd-obrach gus dèanamh cinnteach gum b' urrainn do sheirbheisean riatanach leantainn orra.

Ach, nuair a dh'fhàs an suidheachadh na bu mhiosa, gus na seirbheisean riatanach 'loidhne-teasairginn' againn a chumail a' dol, agus ann an còmhraidh leis na com-pàirtichean sna loidhneachan-adhair, rinn sinn an co-dhùnadh doirbh, ach do-sheachanta, na puirt-adhair uile againn a dhùnadh do sheirbheisean-adhair sgeidealaichte agus trafaig adhair coitcheann àbhaisteach tron chiad ghlasadh-sios.

Chaidh na puirt-adhair a dhùnadh do thursan-adhair àbhaisteach bho Dhidòmhnaich, 29 Màrt 2020, ach chùm sinn oirnn ag obair gu dlùth le Còmhdaidh Alba agus Loganair gus clàr cnàimhneach de sheirbheisean loidhne-teasairginn aontachadh do na h-eileanan. Clàr a rinn cinnteach gum b' urrainn do na puirt-adhair againn cumail orra a' toirt seachad sheirbheisean riatanach do choimhearsnachdan eileanach iomallach, a' gabhail a-steach seirbheisean èiginn gluasad euslaintich aig an NHS, seirbheisean a' Phuist Rìoghail agus taic dhan ghnìomhachas cumhachd far costa.

Tron t-suidheachadh èiginn, bha conaltradh daonnan ann le companaidhean adhair, custamairean, solaraichean agus buidhnean com-pàirteachaidh, gus am b' urrainn do na pròiseasan co-dhùnaidh againn a bhith stèidhichte air tuigse mhionaideach air feumalachdan. Air an adhbhar seo, tha sinn a' coimhead air dòighean gus beantainn a lùghdachadh dhan ìre as ìsle as urrainn dha a bhith anns a' phort-adhair. Tha sinn cuideachd air fios a chur chun fheadhainn nach b' urrainn siubhal gus na feumalachdan siubhail aca san àm ri teachd a thuigsinn, agus gus a' bhuaidh aig coinneamhan bhiortail air siubhal gnìomhachais a thuigsinn.

Choimhead sinn air a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith air na daoine againn gu tric: chaidh pàtran obrachaidh atharraichte, 'builgeanan' luchd-obrach agus ceuman sgaraidh eile a thoirt a-steach gus an luchd-obrach againn agus na seirbheisean againn a dhìon. Chuir ar manaidsearan puirt-adhair rèiteachaidhean tuiteamach air dòigh gus dèanamh cinnteach gum b' urrainn do ar puirt-adhair cumail orra ag obair leis na h-ìrean luchd-obrach as ìsle a bha a dhìth agus chleachd iad sgeama fosaidh an Riaghaltais agus na h-innealan taic eile a bha rim faighinn.

*Àireamhan luchd-siubhail air 18/1/2021




Thug Loganair clàr cnàimhneach seachad

Mar thoradh air an fhòcas soilleir air cho cudromach 's a tha deagh chonaltradh, bha conaltradh nas fheàrr eadar Bòrd HIAL, na sgiobaidhean againn agus an luchd-ùidh againn uile. Rinn an aplacaid Covid-19 aig HIAL a chaidh a thoirt a-steach anns a' Ghiblean cinnteach gum b' urrainnear teachdaireachdan agus ùrachaidhean a chur gu luath agus gu soilleir do na buill sgioba againn. Chaidh duilleagan fiosrachaidh sònraichte a chur ri eadra-lìon agus làrach-lìn na companaidh, a chaidh ùrachadh gu cunbhalach le stiùireadh agus fois-inntinn.

Shoirbhich leis na ciad cheumannan againn gus gu leòr PPE fhaighinn aig an ìre cheart, agus tha a' chompanaidh air tasgadh ann an stocan mòra agus loidhnichean solair daingnichte gus dèanamh cinnteach gum bi gu leòr againn san fhad-ùine.

Nochd na measaidhean cunnairt tràth againn mu Chovid-19 farsaingeachd de bhuidhean a dh'fhaodadh a bhith air a' ghnìomhachas, agus leis gun robh na stiùirichean mothachail air na cunnartan seo gu tràth, b' urrainn dhaibh ullachadh airson tuiteam mòr luath ann an luchd-siubhail, àireamh nan seirbheisean-adhair agus teachd a-steach nam port-adhair – agus aig an aon àm a bhith ag ullachadh airson seirbheisean nas trice a bhith ag ath-thòiseachadh.

Bha modhan làidir agus èifeachdach againn stèidhichte air deagh mheasadh cunnairt agus deagh chleachdadh, agus iad uile fo sgrùdadh leantainneach, cudromach gus dèanamh cinnteach gum b' urrainn dhuinn freagairt ann an dòighean a bha an dà chuid a' dìon ar luchd-obrach – agus a' dèanamh cinnteach gum b' urrainn dhuinn seirbheisean deatamach a chumail a' dol aig àm an èiginn – nuair a bha sinn a' dealbhadh na ro-innleachd ath-bheothachaidh againn.



An Ro-innleachd Ath-bheothachaidh againn

Tha an Ro-innleachd agus Plana Ath-bheothachaidh Covid-19 againn a' togail air prògram farsaing de cho-chomhairleachadh leis na daoine, com-pàirtichean agus luchd-ùidh againn a chaidh a chrìochnachadh ann an 2019, agus air ath-sgrùdadh às dèidh sin air na prìomhachasan agus na h-amasan againn ann an 2020 às dèidh suidheachadh èiginn Covid-19.

Feumaidh sinn a bhith soilleir, tha suidheachadh Covid-19 air buaidh mhòr a thoirt air a' ghnìomhachas againn agus tha a' bhuidhe sin a' leantainn. Thug ceumannan lasachaidh a' ghalair sgaoilte buaidh mhòr air gnàth-eòlas nan custamairean agus chaidh seirbheisean adhair a lùghdachadh gu mòr cuideachd. Bheir an t-ath-bheothachadh ùine. Ach tha am pròiseas ath-bheothachaidh a' toirt cothrom dhuinn ar seirbheisean ath-shuidheachadh – gus feumalachdan chompanaidhean-adhair agus luchd-siubhail às dèidh a' choròna-bhiorais aithneachadh agus gus ar seirbheisean ath-smaoineachadh agus ath-thogail gus na feumalachdan sin a choileanadh. Bidh na ceithir prìomh amasan seo aig cridhe na ro-innleachd ath-bheothachaidh againn a bhios a' dèanamh cinnteach gun tog sinn air ais nas fheàrr.



Ag obair dhuibhse

a' toirt piseach air gnàth-eòlas a' phuirt-adhair gus feumalachdan ar luchd-cleachdaidh agus luchd-siubhail san àm ri teachd a choileanadh



A' cumail taic ri coimhearsnachdan

a' cur aghaidh ri feumalachdan ceangailteachd nan daoine is nan àiteachan a bhios sinn a' frithealadh



Ag obair dhan roinn

a' cruthachadh sheirbheisean adhair gus fàs eaconamach ath-bheothachadh is gus taic a chumail ris



A' leasachadh na h-àrainneachd againn

a' lughdachadh na buaidh àrainneachdail againn agus a' stiùireadh a' ghluasaid ann an seirbheisean adhair gu àm ri teachd a bhios beag-charboin air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan



Port-adhair Inbhir Ùige Taigh Iain Ghràt – dealbh a chaidh a thogail ro Covid-19

Gus na h-amasan sin a choileanadh, tha sinn air seachd prìomhachasan ro-innleachdail a shuidheachadh a tha a' toirt seachd stiùireadh farsaing do HIAL airson an àm ri teachd. Tha na prìomhachasan seo aig cridhe nam planaichean ionmhasail agus obrachaidh againn agus tha amasan ro-innleachdail sònraichte mar bhunait dhaibh.

Le bhith ag aontachadh ri prògram ro-innleachdail de leasachadh beag-charboin seasmhach, tha sinn a rèir amasan ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba. Is e ar n-amas fad-ùine feumalachdan an latha an-diugh agus às dèidh Covid-19 a choileanadh gun a bhith a' toirt buaidh air feumalachdan nan ginealaichean ri teachd, agus aig an aon àm a bhith a' dìon na h-àrainneachd, cultar agus dualchas air leth againn.

Cùram agus Sàr-mhathas a thaobh na h-Àrainneachd

Tha Alba air Suidheachadh-èiginneach na Gnàth-shìde a ghairm agus tha i air ath-sgrùdadh a dhèanamh air na gealltanasan aice a thaobh na gnàth-shìde. Tha iad seo a-nis am measg nan amasan as àrd-amasaiche san t-saoghal, ag iarraidh eimiseanan gasaichean taigh-ghlainne net-zero ro 2045. Ann an 2020, chuir galar mòr-sgaoilte Covid-19 fòcas a bharrachd air na gealltanasan gnàth-shìde is àrainneachdail againn.

Aig na h-amannan dùbhlach seo, tha cuideam mòr air roinn nan seirbheisean adhair agus 's e an t-amas againn gum bi na 11 puirt-adhair uile aig HIAL neodrach a thaobh carboin. Obraichidh sinn le com-pàirtichean ann an raon nan seirbheisean adhair gus tursan-adhair clàraichte taobh a-staigh na h-Alba a dhi-charbonachadh, gus targaid Riaghaltas na h-Alba a choileanadh gus a' chiad sgìre seirbheisean-adhair net-zero a chruthachadh san t-saoghal ro 2040.

'S e am prìomh amas againn na h-eimiseanan carboin againn a lùghdachadh – a' tòiseachadh leis na h-eimiseanan Sgòp 1 is 2, an fheadhainn air a bheil smachd againn gu dìreach. Coimheadaidh sinn an uair sin air mas as urrainn dhuinn eimiseanan Sgòp 3 a lùghdachadh (is iad sin eimiseanan le treas pàrtaidhean) ann an com-pàirteachas le daoine eile, a' gabhail a-steach companaidhean adhair. Bithear a' coimhead air frith-chothromachadh mar an roghainn mu dheireadh, mar rud a nithear gus dèiligeadh ris na h-eimiseanan nach gabh a lùghdachadh. Gu sònraichte, nì sinn na leanas:

- Bheirear a-steach prògram obrach gus obraichean agus bun-structair phort-adhair agus seirbheisean adhair taobh a-staigh na Gàidhealtachd is nan Eilean a dhi-charbonachadh
- Gheibhear barantachadh fo sgeama Barantachadh Carbon Port-adhair (*Airport Carbon Accreditation – ACA*) (no sgeama coltach ris) airson nan 11 puirt-adhair uile, ag obair a dh'ionnsaigh ar n-amas deireannaich a bhith neodrach a thaobh carboin.
- Rannsaichidh sinn a h-uile cothrom gus taic a chumail ri teicneòlas beag-charboin agus obraichidh sinn le com-pàirtichean gus am bun-structar a leasachadh gus deuchainn a dhèanamh air itealain gun eimiseanan agus, far a bheil e comasach, an toirt a-staigh a sheirbheis airson cuid de shlighean taobh a-staigh an lionra againn
- Nithear frith-chothromachadh air 100% den chaitheamh lùths againn le bhith a' gabhail pàirt ann an sgeama Renewable Energy Guarantees of Origin (REGO) scheme.
- Stèidhichear poileasaidhean solair seasmhach agus nithear ath-sgrùdadh air a' phoileasaidh solair againn gus am bi iad a' gabhail a-steach Building Research Establishment Environmental Assessment Method Standards (BREEAM).

Tha Riaghaltas na h-Alba cuideachd air targaidean a shuidheachadh airson làimheachadh sgudail agus airson caitheamh lùths agus is e ar prìomhachas a dhol thairis air na targaidean seo le farsaingeachd de dh'fhuasglaidhean ùr-ghnàthach. Às dèidh Covid-19, tha sinn fhathast dealasach a thaobh teicneòlasan ùra a chur an gnìomh anns na raointean sin uile, ach tha dùbhlain ùra romhainn a-nis, gu sònraichte ann an riaghladh sgudail le masgaichean aghaidh nach gabh ath-chuairteachadh air an cleachdadh, le barrachd cleachdaidh de mhiotagan cuidhteasach agus àrdachadh luath ann an cleachdadh plastaig aon-chleachdadh. Feumaidh sinn aghaidh a chur air na ceistean sin agus àireamhan an luchd-siubhail a' fàs a-rithist. Gu sònraichte, bidh sinn ag amas air:

- Ath-chleachdadh is ath-chuairteachadh a bhrosnachadh gus na sruthan sgudail againn a lùghdachadh leis an amas dèanamh cinnteach nach tèid sgudal sam bith a chur gu lionadh talmhainn ro 2025.
- Sgòran "sàr-mhath" fhaighinn fo Sgeama Measaidh Gèillidh (*Compliance Assessment Scheme – CAS*) airson gach ceadachas a th' againn bho Riaghailtean nan Gnìomhan Smachdaichte (*Controlled Activities Regulations*) le bhith a' coimhead air dòighean-obrach, bathar agus teicneòlasan gus cur ri càileachd an uisge a bhios a' fàgail nam port-adhair againn.
- Caitheamh uisge a lùghdachadh 35 sa cheud air feadh na companaidh agus siostaman cruinneachaidh uisge a chur a-steach air feadh buidheann HIAL gus an gabh uisge ath-chleachdadh air na làraichean.

Prìomh-amasan

- Lùghdaich na h-eimiseanan carboin againn, obraich ann an com-pàirteachas gus sgaoilidhean treas pàrtaidh a lùghdachadh agus dèan tasgadh ann am frith-chothromachadh carboin le teisteanas Ìre Òir gus dèiligeadh ris na sgaoilidhean a tha air fhàgail.
- Co-obraich ann an obair-leasachaidh air soithichean-adhair gun eimiseanan a rèir feumalachdan na Gàidhealtachd is nan Eileanan
- Foillsich Mapa-rathaid Àrainneachdail a mhinicheas ar gealltanas a bhith a' cur aghaidh ri prìomh cheistean agus a bhith ag aithris gach bliadhna air an adhartas againn.



A' lìbhrigeadh Seirbheis Custamair agus Gnìomhan aig Ìre na Cruinne

Gus na h-amasan againn a choileanadh, feumaidh sinn seirbheis custamair agus gnìomhan a libhrigeadh aig ìre na cruinne. Ron ghalar-sgaoilte, bha na puirt-adhair againn air leth proifeiseanta, ach pearsanta, dhan a h-uile neach-ceannach – luchd-còmhnaidh ionadail, gnìomhachasan ionadail, luchd-tadhail agus feadhainn eile.

Tha sinn airson seo a chumail suas agus togail air; ach, thug Covid-19 buaidh mhòr air seirbheis custamair agus air an obair againn leis gun do chuir sinn farsaingeachd de cheumnan lasachaidh an sàs gus an cunnart do luchd-siubhail agus luchd-obrach a lùghdachadh aig a h-uile port-adhair againn.

Tha sinn gu mòr airson a bhith a' sior-leasachadh nam pròiseasan againn gus an cuir sinn ri gnàth-eòlas nan custamairean againn. Ann an 2020 bha fòcas aig leasachaidhean pròiseis air a bhith a' dìon dhaoine. Chaidh sgrìonaichean a chur a-steach aig deasgaichean seirbheis agus chaidh ceumnan astar fiosaigeach a chur an sàs, le stèiseanan glanaidh-làimhe air an cur a-steach ann am prìomh àiteachan air feadh nam port-adhair againn. Chaidh prògraman glanaidh domhainn a thoirt a-steach agus bha aig luchd-siubhail ri còmhachadh aghaidh a chaitheamh fad na h-ùine agus riatanasan astar sòisealta a leantainn. Cuideachd, ann an Inbhir Nis, gus ar custamairean, luchd-siubhail agus luchd-obrach a chumail cho sàbhailte 's a ghabhas, chuir sinn airgead an seilbh ann an teicneòlas a tha comasach air suas ri 99.9% de mheanbh-fhàs-bheairtean air treidhean bhagaichean a sgrios.

A' coimhead air adhart, tha e coltach gum bi atharrachaidhean obrachaidh den t-seòrsa seo an sàs airson greis, is mar sin feumaidh sinn leasachaidhean bun-structair agus leasachaidhean seirbheis san àm ri teachd a dhealbadh a' cuimhneachadh air seo, agus an cur an gnìomh anns an dòigh as ùr-ghnàthaiche agus as seasmaiche dhan àrainneachd. Gu sònraichte, nì sinn na leanas:

- Nithear tasgadh anns a' bhun-structar againn gus ceumnan a thoirt a-steach gus beantainn a lùghdachadh agus gus turas luchd-siubhail a tha a' falbh tron phort-adhair a dhèanamh cho sgiobalta is furasta 's a ghabhas bho phàirc chàraichean gu plèana.
- Leasaichear cùisean do luchd-siubhail air a bheil ciorram le bhith a' cruthachadh ghoireasan gus cur ri urram agus prìobhaideachd luchd-siubhail aig a h-uile port-adhair againn.
- Co-obraichear leis an luchd-siubhail againn gus piseach a thoirt air siubhail ionadail gu agus bho na puirt-adhair againn.
- Co-òrdanaichear luchd-siubhail a tha a' tighinn a-steach agus dèan ullachaidhean airson gluasad air adhart nas èifeachdaiche gus am bi tursan nas fheàrr aig daoine

Tha mòran eòlais agus gnàth-eòlais aig HIAL agus tha comas aige a bhith a' stiùireadh ùr-ghnàthachadh taobh a-staigh roinn nan seirbheisean adhair. Coimheadaidh sinn air dòighean ùr-ghnàthach gus na seirbheisean againn a thoirt seachad agus a' cleachdadh an teicneòlais as fheàrr gus obair den chiad ìre a libhrigeadh. Gu sònraichte, nì sinn na leanas:

- Libhrigear Co-aonad Faire a bhios a' riaghladh iomadh port-adhair airson a' chiad turais san RA, a' cleachdadh teicneòlasan a tha ùr ach dearbhte.
- Bheirear a-steach pròiseasan èifeachdach gus an ìre as àirde agus as èifeachdaiche de sheirbheis trafaig adhair a thoirt seachad ann an dòigh a tha a rèir ar n-amasan àrainneachdail
- Rannsaichear cothroman gus ionad sàr-mhathais a stèidheachadh airson seirbheisean trafaig adhair ann an Alba, gus trèanadh agus eòlas a thoirt do phuirt-adhair air feadh an t-saoghail



CÀILEACHD SEIRBHEIS A' PHUIRT-ADHAIR

Sa 1d àite airson èifeachdas agus modhalachd an luchd-obrach seacaidh a-steach san RA

Sa 1d àite airson àm-feitheimh airson sgrùdaidhean nan ceudan-siubhail agus modhalachd an luchd-obrach san RA

Sa 1d àite airson modhalachd luchd-obrach tèarainteachd agus àm feitheimh aig tèarainteachd sna RA

Prìomh-amasan

- Ath-shuidhich, cuir air gleus agus leasaich na goireasan puirt-adhair againn airson an luchd-siubhail againn uile às-dèidh Covid-19.
- Cruthaich agus cur an sàs plana gus cur ris a' ghnàth-eòlas ceann-uidhe gu ceann-uidhe airson an luchd-siubhail uile.
- Tog air an eòlas againn air seirbheisean trafaig adhair gus ionad cruinneil de shàr mhathas a libhrigeadh.

* A' buntainn ri port-adhair Inbhir Nis: 'S e Càileachd Seirbheis a' Phuirt-adhair aig Comhairle Eadar-nàiseanta nam Port-adhair am prògram slat-tomhais a tha cliùiteach agus stèidhichte air feadh an t-saoghail a tha a' tomhas sàsachadh an luchd-siubhail fhad 's a tha iad a' siubhail tro phort-adhair.

Leasachadh Shlighean agus a' Cur ri Ceangailteachd

Thathar ag aithneachadh gu bheil ceanglaichean adhair seasmhach air prìsean reusanta nam prìomh phàirtean de dh'eaconamaidhean beothail air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan. Tha Covid-19 air sealltainn cho riatanach 's a tha na ceanglaichean còmhail mar phàirt de bhun-structar na sgìre san fharsaingeachd.

Le bhith a' dìon sheirbheisean adhair do choimhearsnachdan, tha sinn ag obair gus dèanamh cinnteach gum bi na coimhearsnachdan seo, cuid aca gu math iomallach, seasmhach. Tha e soilleir gu bheil buaidh mhòr air a bhith aig a' ghalar lèir-sgaoilte air companaidhean-adhair agus cumaidh sinn oirnn ag obair le Riaghaltas na h-Alba, le buidhnean com-pàirteachais agus le ar com-pàirtichean sna companaidhean-adhair gus prìomh shlighean a ghlèidheadh agus gus seirbheisean ùra a thoirt a-steach far an tèid an fheadhainn a th' ann a chur dheth.

Ann an 2020, chlàraich sinn lùghdachadh de 66%* ann an àireamhan luchd-siubhail bliadhna air bliadhna anns na 12 mìosan bhon Fhaoilleach chun na Dùbhlachd, aig àm nuair a bha sinn a' cuimseachadh gu mòr air cumail suas ar dleastanasan seirbheis poblach ann an coimhearsnachdan leithid Barraigh, Ceann Loch Chille Chiarain agus Tioradh. Tha diofar bheachdan aig daoine air na tha an dàn a thaobh ath-bheothachadh ann an siubhail adhair, ach tha Comann Eadar-nàiseanta na Còmhail Adhair (*International Air Travel Association – IATA*) den bheachd nach till an gnìomhachas gu ìrean 2019 gu 2024/25. Mar sin, tha e ro-chudromach gun obraich sinn le coimhearsnachdan air feadh na Gàidhealtachd is nan Eileanan gus faighinn a-mach dè na seirbheisean a bhios as cudromaiche dhaibh sa gheàrr – agus sa mheadhan-ùine.

Bidh ceanglaichean adhair ann an àm ri teachd a tha neodrach a thaobh carboin cudromach gus làn fàs eaconamach a chur an comas anns na coimhearsnachdan sin agus san sgìre san fharsaingeachd le bhith a' brosnachadh tasgadh ùr ann an gnìomhachais, a' cur ri eco-thurasachd chiallach, a' gleidheadh slugh agus a' tàladh luchd-còmhnaidh ùr.



*Àireamhan luchd-siubhail air 18/1/2021

Ged nach eil e coltach gum bi fàs ann sa gheàrr-ùine, tha sinn ag amas air greimeachadh air cothroman gus prìomh sheirbheisean a ghlèidheadh no a leudachadh agus a bhith ag obair le luchd-ùidh gus freagairt ri cothroman ùra ann am margaidh a tha fhathast a' fàs is a' leasachadh. Gu sònraichte, nì sinn na leanas:

- Obraichear còmhla ri companaidhean-adhair làithreach gus cuideachadh le ath-bheothachadh nan slighean, gam brosnachadh gus na seirbheisean làithreach aca a chumail a' dol agus san fhad-ùine a bhith a' dèanamh sgrùdadh air cothroman margaidh ùra airson na sgìre
- Nithear ath-sgrùdadh air toirt seachad sheirbheisean agus air an taic a tha ri fhaighinn gus companaidhean adhair ùra a thàladh
- Obraichear còmhla ris an Riaghaltas gus ath-sgrùdadh agus leasachadh a dhèanamh air innealan taic leithid an Sgeama Lasachadh Adhair (*Air Discount Scheme – ADS*) agus Dleastanas Seirbheis Poblach (*Public Service Obligation – PSO*)

Tha an rannsachadh againn air sealltainn gu bheil ceanglaichean làitheil gu agus bho mheadhan na h-Alba agus ceanglaichean làitheil ri mòr-ionadan eadar-nàiseanta agus san RA deatamach airson gnìomhachasan a tha ag ath-shlànachadh bho bhuidh Covid-19 agus airson leasachadh eaconamach san sgìre san àm ri teachd. Gus aghaidh a chur air na cuspairean seo, nì sinn na leanas:

- Nithear rannsachadh mionaideach gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air a' chomas gus fèill air còmhail adhair ath-thogail.
- Obraichear leis an riaghaltas gus àiteachan laighe fhaighinn aig prìomh phuirt-adhair a' gabhail a-steach Dùn Èideann, Glaschu agus Lunnainn gus tiocaidean-tillidh latha agus ceanglaichean ri cinn-uidhe eadar-nàiseanta a chumail suas agus a leasachadh.

Prìomh-amasan

- Tog àireamhan an luchd-siubhail air ais do dh'ìrean 2019 ro 2024/25
- Obraich le Riaghaltas gus àiteachan-laighe fhaighinn agus a chumail aig na puirt-adhair mòra as cudromaiche
- Obraich le Riaghaltas gus dòighean taic fhaighinn gus slighean-adhair làithreach a chumail agus gus cothroman airson slighean ùra a thoirt air adhart.

Slighean ag obrachadh anns a' Mhàrt 2020

Cinn-uidhe bho Phort-adhair Inbhir Nis



-  Connect to 100's of destinations worldwide
-  Flights
-  Charter Flights

Inverness Airport
Ceangailte • Connected   

Fàs Eaconomach Seasmhach

Mar bhuidheann phoblach, is e ar n-amas ar n-obair a libhrigeadh anns an dòigh as cosg-èifeachdaiche, as tapaidhe agus as èifeachdaiche. Feumaidh na puirt-adhair aig HIAL subsadaidhean bho Riaghaltas na h-Alba, aon £28m ann an 2018/19.

Ann an 2020, le dùil gun lùghdaicheadh teachd-a-steach bho loidhnichean-adhair agus teachd-a-steach eile do na puirt-adhair le suas ri £14m, dh'iarr sinn agus fhuair sinn gealltanais sgrìobhte de mhaoineachadh tabhartais a bharrachd bho Riaghaltas na h-Alba gus dèanamh cinnteach gum b' urrainn dhuinn cumail oirnn a' ruith nan 11 port-adhair againn.

Rinn sinn oidhirpean a bharrachd cuideachd gus ar seirbheisean a libhrigeadh anns an dòigh as èifeachdaiche a thaobh cosgais gus luach an tabhartais a bharrachd a tha a dhith bhon Riaghaltas a lùghdachadh. Is e ar n-amas ar caiteachas a lùghdachadh, ar teachd-a-steach àrdachadh, a bhith ag ath-thasgadh anns na seirbheisean againn agus gus dèanamh cinnteach gum faighear an luach as fheàrr airson an t-subsadaidh phoblach a gheibh sinn agus a dh'fheumas sinn gus ar cuid obrach a dhèanamh.

A dh'aindeoin 's gum feum mòran den luchd-obrach taic againn a bhith ag obair bhon taigh an-dràsta agus gu bheil conaltradh le solarachan fhathast air a chuingalachadh, chaidh tairgsean cùmhanantan a thoirt seachad airson trì siostaman diseatach ùra – Siostaman Obrachaidh Phort-adhair, Ionmhas, agus HR is siostaman pàighidh – rè a' ghalair lèir-sgaoilte. Libhrigidh na siostaman didseatach sin dòighean obrach nas èifeachdaiche agus sàbhalaichean chosgaisean rè ùine a' phlana ro-innleachdail seo, agus tha iad nam bunaitean cudromach airson a bhith a' ruith nam port-adhair againn san àm ri teachd.

Gus teachd-a-steach a mheudachadh agus gus fàs ionmhasail a chumail suas, tha e cudromach cuideachd gun cum sinn oirnn a' coimhead air dòighean ùr-ghnàthach eile gus seirbheisean adhair seasmhach a libhrigeadh air pris reusanta.



Gu sònraichte, nì sinn na leanas:

- Cumaidh sinn oirnn a' tasgadh sa bhun-structar againn gus am bi sinn daonnan co-fharpaiseach agus bheirear seachad seirbheisean port-adhair proifeiseanta èifeachdach
- Rannsaichear modailean obrachaidh puirt-adhair agus dòighean ùr-ghnàthach gus na seirbheisean againn a thoirt seachad
- A' cleachdadh nan so-mhaoinean làithreach againn, coimheadaidh sinn air seirbheisean a bharrachd a thoirt seachad gus teachd-a-steach a dhèanamh
- Obraichear còmhla ri gnìomhachasan agus coimhearsnachdan ionadail gus àireamh nan gnìomhachasan agus àiteachan reic a tha ag obair anns na làraichean againn àrdachadh chun na h-ìre aig an robh iad ro Chovid-19
- Cuirear an sàs siostaman didseatach ùra gus dàta àrd-inbhe a thoirt seachad gus cuideachadh le bhith a' cur ri èifeachdas agus gus dèanamh cinnteach gu bheil ar gnìomhachdan èifeachdach a thaobh cosgais

Air sgàth cuingealachaidhean Covid-19, agus an lùghdachadh ann an àireamhan luchd-siubhail, tha e doirbh aig an àm seo a bhith a' toirt air adhart chothroman gus teachd-a-steach àrdachadh le bhith a' toirt seachad seirbheisean a bharrachd. Ach, tha tòrr eòlais againn ann an gnìomhachas nan seirbheisean-adhair, agus a' cleachdadh ar cuid eòlais, cumaidh sinn oirnn a' sgrùdadh chothroman gus teachd-a-steach a dhèanamh san àm ri teachd, a' gabhail a-steach maoinen dùbhlain. Bidh sinn a' co-roinn ar cuid-eòlais tro dhòigh-obrach co-obrachaidh le coimhearsnachdan gus cur ri comasan agus gus sgilean a leasachadh taobh a-staigh nan coimhearsnachdan againn.

Prìomh-amasan

- Coimhead air modailean obrachaidh diofraichte gus cosgaisean a lùghdachadh agus gus cur ri èifeachdas agus tarbhachd
- Dèan lèirmheas air gach cothrom do na puirt-adhair gus fàs a thoirt air sruthan airgid làithreach agus gus coimhead air feadhainn ùra
- Dèan cinnteach gu bheil am plana calpa agus an tasgadh againn a rèir feumalachdan nan coimhearsnachdan againn gu ìre nas motha.

A' libhrigeadh Cruth-atharrachadh Didseatach

Tha buaidh Covid-19 air cruth-atharrachadh didseatach a chur air adhart nas luaithe taobh a-staigh a' ghnìomhachais againn – agus tha e air cur ris a' chunnart a thaobh tèarainteachd siobair cuideachd. Le mòran luchd-obrach ag obair air astar, tha a' chompanaidh air tasgadh mòr a dhèanamh anns an teicneòlas a dh'fheumar gus mòran de na co-obrachaidhean againn a ghluasad bho bhith ag obair ann an oifis gu bhith ag obair gu sàbhailte agus gu tèarainte ann an àrainneachd dhachaigheil.

Ach, tha sinn cuideachd ag aithneachadh gu bheil an saoghal ceangailte seo a tha air a chur air adhart barrachd is barrachd le dàta a' tabhann mòran chothroman gus an dòigh sa bheil sinn a' ruith ar gnìomhachas atharrachadh agus gus gnìomhachd nas tapaidh agus nas èifeachdaiche a libhrigeadh a tha stèidhichte air teicneòlasan ùra.

Tha mar a tha barrachd dàta ri fhaighinn a' toirt cothrom dhuinn tuigse nas fheàrr a bhith againn air an dòigh anns am bi daoine agus gnìomhachasan a' co-obrachadh. Tha an cruth-atharrachadh didseatach seo cuideachd a' toirt cothrom dhuinn gus na pròiseasan agus seirbheisean againn a leasachadh agus gus conaltradh nas èifeachdaiche agus nas luaithe a libhrigeadh dhan a h-uile neach-siubhail agus neach-obrach – ann an raon far a bheil tòrr leasachadh air tachairt tro àm a' ghalair lèir-sgaoilte.

Le bhith a' gabhail ri fuasglaidhean didseatach ùr, tha sinn ag amas air seirbheis chustamairean agus tarbhachd san fharsaingeachd a leasachadh. Thèid fuasglaidhean ùra a chur an sàs gu h-ìomlan thar a' phròiseis air fad bho na pàircean chàraichean againn gus clàradh a-steach gu làimhseachadh bhagaichean gus cuideachadh le bhith a' dìon luchd-siubhail agus luchd-obrach – agus gus dèanamh cinnteach gum bi turas èifeachdach ann. Cuiridh na fuasglaidhean sin ris a' ghnàth-eòlas bhon ìre phlanaidh, fiù's mus tig an luchd-siubhail do na puirt-adhair againn.

Gu sònraichte, nì sinn na leanas:

- Cuirear fòcas a bharrachd air tèarainteachd didseatach agus siobair gus dèanamh cinnteach gu bheil an obair againn daonnan sàbhailte agus tèarainte
- Luathaichear amalachadh theicneòlasan ùra gus am bi gnàth-eòlas pearsanta air leth air a thoirt seachad, a nì cinnteach gum bi sruthadh nas fhasa tron phost-adhair
- Bheirear a-steach eadar-cheangal tro theicneòlas tapaidh tro innealan didseatach a tha freumhaichte anns a' bhun-structar againn gus dàta ceart a thoirt seachad gus fiosrachadh nas fheàrr a chumail ri dèanamh cho-dhùnaidhean, gus pròiseasan a leasachadh agus a dhèanamh fèin-obrachail agus gus dùblachadh a lùghdachadh
- Nithear obair leasachaidh air làraichean-lìn HIAL gus dèanamh cinnteach gu bheil fòcas a bharrachd air custamairean, le seirbheisean air-loidhne
- Nithear feum air teicneòlas didseatach gus taic a bharrachd a chumail ri bhith a' stiùireadh oighreachd mòr sgapte
- Cleachdar innealan didseatach gus fiosrachadh fìor-ùine, ceart a libhrigeadh a chuireas ri eadar-obrachadh leis na daoine, custamairean, luchd-siubhail, leis a' phoball agus le luchd-ùidh eile



Prìomh-amasan

- Cuir ri cothrom didseatach air seirbheisean anns gach port-adhair – ro, rè agus às dèidh siubhail
- Dèan tasgadh ann an didseatachadh gus èifeachdas a chur air adhart agus gus an obair againn a thoirt air adhart gu h-èifeachdach
- Dèan tasgadh ann an teicneòlas tapaidh gus piseach a thoirt air dèanamh cho-dhùnaidhean, seirbheisean agus pròiseasan.

A' togail Chom-pàirteachasan Soirbheachail

Bha buaidh mhòr aig Covid-19 air eaconamaidhean air feadh an t-saoghail agus thug seo buaidh air a h-uile gnìomhachas. Ach, cha deach buaidh cho mòr a thoirt air mòran gnìomhachasan ris a' bhuidh a bh' air siubhal adhair. Ann an Alba, tha mòran bhuidhnean poblach a tha a' dèiligeadh ri seirbheisean-adhair, ach tha mòran eòlais aig HIAL ann an lionraidhean seirbheisean-adhair roinneil agus is e a' phrìomh bhuidheann a bhios a' toirt seachad comhairle a thaobh seirbheisean-adhair air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan.

'S e am prìomhachas againn a-nis a bhith ag obrachadh le Còmh-dhail Alba agus buidhnean eile gus fòram èifeachdach a chruthachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil tar-shealladh ro-innleachdail ann airson seirbheisean adhair air feadh na h-Alba. Feumaidh sinn dòigh-obrach cho-òrdanaichte a thaobh ath-bheothachadh – agus ged a tha sinn a' dèanamh conaltradh le grunn institiudan eaconamach is acadaimigeach air seo mar-thà, feumaidh sinn na h-oidhirpean sin ath-dhùblachadh gus buaidh gearr-ùine agus fad-ùine a' ghalar-sgaoilte a thuigsinn – agus gus am fiosrachadh sin a bhiathadh a-steach do dh'oidhirpean leasachadh seirbheis-adhair san àm ri teachd.

Dhaingnich Covid-19 cho cudromach 's a tha na puirt-adhair againn ann an coimhearsnachdan, ach sheall e cuideachd cho cugallach 's a tha na seirbheisean làithreach. Mar sin, tha e nas cudromaiche a-nis na bha e riamh a bhith ag obrachadh gu dlùth leis na com-pàirtichean, gnìomhachasan ionadail agus coimhearsnachdan gus seirbheisean ùr-ghnàthach is seasmhach a thoirt seachad. Tha e fhathast fìor a ràdh gu bheil sàr chothrom againn gus a bhith nar deagh eisimpleir a thaobh tionnsgalachd. Tha sinn air thoiseach air càch a thaobh teicneòlasan a tha a' tighinn am bàrr, mar eisimpleir smachd trafaig adhair iomallach agus is e ar n-amas a bhith ag obair ann an com-pàirteachas gus ùr-ghnàthachadh agus leasachadh seirbheis a stiùireadh. Gu sònraichte, nì sinn na leanas:

- Obraichear ann an com-pàirticheachas le buidhnean acadaimigeach gus coimhead air dòighean gus feum a dhèanamh de thionnsgladh agus gus ath-bheothachadh bho Covid-19 a dhèanamh nas luaithe, gu sònraichte taobh a-staigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean
- Nithear ceangal ri com-pàirtichean san roinn phoblaich is phrìobhaidich gus eaconamaidhean-sgèile fhaighinn agus gus seirbheisean adhair a chumail suas airson an àm ri teachd.
- Coimheadar air co-obrachadh far an gabh e dèanamh gus cur ri libhrigeadh foincseanan na h-oifis-cùil agus nithean eile co-cheangailte ri seirbheisean adhair air-loidhne
- Brosnaichear cothrom air-loidhne dhan eòlas agus seirbheisean adhair air leth as urrainn dhuinn toirt do na com-pàirtichean againn

Tha gach fear de na puirt-adhair an eisimeil obair com-pàirteachais le raon farsaing de luchd-ùidh. Tha iad seo a' gabhail a-steach na coimhearsnachd ionadail, a bhios a' cleachdadh bun-structair nam port-adhair agus seirbheisean 'loidhne-teasairginn', buidhnean eile san roinn phoblaich, agus seirbheisean èiginn, cho math ri solaraichean, teanntan nam port-adhair agus na loidheachan-adhair – am measg eile.

Tha sinn daonnan air feuchainn ri taic a thoirt do gnìomhachasan is coimhearsnachdan ionadail far an gabh sin dèanamh agus cumaidh sinn oirn a bhith a' dèanamh seo. Ach, tha an galar mòr-sgaoilte air pàtranan siubhail atharrachadh agus leanaidh an t-atharrachadh seo agus feumaidh sinn tuigse a bharrachd air a' bhuidh a bhios aig seo air na coimhearsnachdan agus luchd-ùidh againn. Feumaidh sinn cur ris an tuigse againn mu na h-atharrachaidhean sòisealta ann an coimhearsnachdan ionadail mar thoradh air Covid-19 agus na dh'fheumas sinn a-nis a dhèanamh gus taic a thoirt do na coimhearsnachdan agus gnìomhachasan ionadail againn far an urrainn dhuinn. Gu sònraichte, nì sinn na leanas:

- Far an gabh e dèanamh, cleachdar agus brosnachear toradh is bathar ionadail
- Brosnaichear cothroman reic airson companaidhean ionadail taobh a-staigh nam port-adhair againn
- Cleachdar na so-mhaoinean againn, mar eisimpleir toglaichean agus talamh airson leas nan coimhearsnachdan ionadail againn.

Prìomh-amasan

- Stiùirich com-pàirteachasan ro-innleachdail gus ath-bheothachadh is ùr-ghnàthachadh air seirbheisean adhair air feadh na h-Alba a luathachadh às dèidh Covid-19, a' tarraing air eòlas bho air feadh an t-saoghail
- Coimhead air co-obrachadh le buidhnean com-pàirteachais gus èifeachdachasan cosgais agus eaconamaidhean-sgèile fhaighinn.
- Obraich le com-pàirtichean agus gnìomhachasan gus cothrom ionadail air seirbheisean proifeiseanta HIAL a bhrosnachadh.



A' Leasachadh nan Daoine Againn

Tha na daoine againn aig cridhe HIAL, agus tha e an urra rinn dèanamh cinnteach gun ruith sinn lionra phort-adhair sàbhailte agus fàilteach aig na h-ìrean proifeiseanta as àirde. Is e ar n-amas àrainneachd obrach adhartach a chruthachadh le fòcas air sunnd nan daoine againn agus cothromachadh beatha-obrach èifeachdach a bhith ann, a' brosnachadh agus ag àrdachadh mothachadh mun taic phroifeasanta a tha ri fhaighinn.

Chuir sinn barrachd fòcais air seo mar a bhiodhte an dùil tro mhiosan tràth a' ghalair lèir-sgaoilte, agus ged a bha – agus a tha – mòran dhùbhlain obrachaidh ann, chunnaic sinn cuideachd mòran atharrachaidhean matha, le iomairtean agus innleachdan ùra air an aontachadh agus air an cur an gnìomh mòran nas luaithe na dh'fhaodamaid a bhith an dùil aig toiseach 2020. Gu bunaiteach, tha atharrachaidhean ann an cleachdadh teicneòlais, agus cleachdadh nas èifeachdaiche de dh'ùine an luchd-obrach, air sealltainn gu bheil obair nas sùbailte – a' gabhail a-steach na roghainn a bhith ag obair bhon dachaigh – chan ann a-mhàin practaigeach agus èifeachdach, ach cuideachd gu bheil mòran taobh a-staigh na buidhne a' cur fàilte mhòr air.

Ann an raon gnìomhachais far a bheil sàbhailteachd ro-chudromach, bha sinn a-riamh a' feuchainn ri dhèanamh cinnteach gu bheil na sgilean agus an t-eòlas aig a h-uile duine againn gus an dreuchd aca a choileanadh a bharrachd air na buadhan corporra is inntinn. Tha an cuideam againn air ionnsachadh fad-beatha a' cuideachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean riatanach aig an luchd-obrach againn gus taic a thoirt dhan ath ghinealach ann an roinn nan seirbheisean adhair. Ann an 2020, ghluais am prògram againn uile de thrèanadh an luchd-obrach air-loidhne: Tha sinn an dùil gun lean seo air adhart san àm ri teachd a' toirt chothroman dhuinn a bhith nas èifeachdaiche agus nas sùbailte ann a bhith a' coileanadh nam feumalachdan trèanaidh againn.



Dealbh ro Chovid-19



Gus dèanamh cinnteach gu bheil HIAL fhathast na fhastaiche dha bheil daoine airson a bhith ag obair, agus a' tàladh raon farsaing de dhaoine bho air feadh a' chomainn-shòisealta againn, cumaidh sinn oirnn ag ath-sgrùdadh nan cleachdaidhean agus pasganan obrach againn gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a rèir amasan an luchd-obrach againn san àm ri teachd. Gu sònraichte, gus an t-ath-bheothachadh againn a thoirt air adhart agus gus dèanamh cinnteach gun cum sinn oirnn a' tàladh agus a' glèidheadh luchd-obrach àrd-inbhe ann am margaidh fharpaiseach, ni sinn na leanas:

- Cumar oirnn a bhith a' togail cultar ionnsachadh agus aithneachadh fad-bheatha tro ionnsachadh stèidhichte air obair, an dà chuid dhan neach fa leth agus dhan bhuidhinn
- Nithear cinnteach gu bheil na daoine againn a' faireachdainn gu bheil trèanadh gu leòr aca, is gun urrainn dhaibh an comas aca a ruigsinn san dreuchd aca, agus gun urrainn dhaibh leasachadh gus feumalachdan a choileanadh san àm ri teachd
- Obraichear còmhla ris na sgiobaidhean againn gus cultar obrach adhartach a bhrosnachadh agus cumar oirnn a' brosnachadh dhàimhean cuideachail tro phoileasaidhean agus cleachdaidhean a tha taiceil do luchd-obrach
- Cuirear ri comas ceannardais is stiùiridh, cho math ri ìrean ath-leumachd
- Leabaichear seata de phrìomh chomasan gus taic a chumail ri stiùireadh coileanaidh agus leasachadh dhaoine
- Bheirear a-steach teicneòlas a bharrachd gus conaltradh èifeachdach agus stiùireadh dhaone a leasachadh

Prìomh-amasan

- Dèan cinnteach gum bithear a' cur gu leantainneach ri stiùireadh atharrachadh èifeachdach tron ghniomhachas air fad
- Dèan cinnteach gu bheil na daoine ceart againn leis na sgilean ceart gus seirbheisean àrd-chàileachd far a bheil sàbhailteachd dheatamach a libhrigeadh
- Stiùirich agus leasaich daoine gus am bi iad sùbailte agus freagarichte agus iad fhathast a' toirt seachad thoraidhean sàr-mhath.

An t-Ath-bheothachadh againn – A' togail airson an àm ri teachd

Tha na freumhan airson ar n-ath-bheothachadh is soirbheas san àm ri teachd gan cur an cèill san Ro-innleachd agus Plana Ath-bheothachaidh Covid-19 seo airson 2021-26. Tha sinn air misean, lèirsinn, amasan agus prìomhachasan a mhìneachadh a bheir stiùireadh dhuinn agus sinn a' feuchainn ri togail air ais nas fheàrr – a' gabhail a' chothruim gus ar seirbheisean ath-shuidheachadh agus ùrachadh gus ìrean fiù 's nas àirde de riarachadh luchd-cleachdaidh a libhrigeadh às dèidh Covid.

Tha an galar-sgaoilte air daingneachadh cho cudromach 's a tha na seirbheisean againn do na coimhearsnachdan a bhios sinn a' frithealadh. Tha ceanglaichean adhair nam pàirt deatamach agus riatanach de bhun-structar na Gàidhealtachd agus nan Eilean – agus nì sinn a h-uile rud as urrainn dhuinn gus ceanglaichean adhair a ghlèidheadh, a chumail suas agus gus cur ri ceangailteachd adhair ar custamairean taobh a-staigh agus taobh a-muigh na sgìre. Sheall Covid-19 gu soilleir gum b' urrainn dhuinn, mar bhuidheann, a bhith soirbheachail aig àm èiginn chruinneil, agus a bharrachd air seo, gum biodh prìomh eileamaidean den phlana ro-innleachdail a dh'ullaich sinn làidir gu leòr airson am fàgail mar a bha iad. A' leantann nan luachan againn, dearbh an luchd-obrach againn gun robh iad fìor sheasmhach agus nochd iad fìor dhealas do na coimhearsnachdan aca a bhios gu math feumail dhuinn san àm ri teachd.

Agus, ged a tha Covid-19 air buaidh mhòr a thoirt air ar smuaintean, agus gu dearbh air ath-dhealbhadh a' phlana ro-innleachdail againn gus am bi e a rèir an deilbh nàiseanta is cruinneil an-dràsta, tha sinn air gluasad air adhart rè 2020. Ann an iomadh raon, tha obair air leantainn air adhart mar as àbhaist agus tha sinn air ar cuid spionnadh a chumail a' dol agus sinn a' togail airson an àm ri teachd.

Gu dearbha, tha sinn air còrr is £27 millean a thasgadh a tha air cur ri leas ar custamairean, luchd-siubhail agus coimhearsnachdan. Tha sinn air gabhail ri ùr-ghnàthachadh agus atharrachadh, agus tha sinn air gluasad air adhart le planaichean àrd-amasach gus àrainneachd-deuchainn a chruthachadh airson plèanaichean beag-charboin air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan. Ghluais sinn air adhart cuideachd leis an Ro-innleachd Riaghladh Trafaig Adhair againn agus chuir sinn air adhart am pròiseas solarachaidh airson ar fuasgladh tùr iomallach.

Agus an rud as cudromaiche, tha 2020 air sealltainn cho cudromach 's a tha e deagh dhàimhean a chumail leis na com-pàirtichean uile againn. A' dol air adhart, agus aig àm nuair a tha coltas ann gu bheil lèir-sgaoileadh a' ghalair a' tighinn gu crìch mu dheireadh thall, is iad seo na dàimhean a bhios sinn a' feuchainn ri bhrosnachadh agus a neartachadh agus sinn ag obair a dh'ionnsaigh làn ath-bheothachadh. A' co-obrachadh leis an luchd-ùidh uile againn, togaidh sinn buidheann phort-adhair ro-chudromach, ath-leumach, soirbheachail is seasmhach às an urrainn dhuinn uile a bhith moiteil.



Port-adhair Bharraigh

Cuir fios thugainn

Tha sinn dealasach a thaobh a bhith ag ath-thogail agus a' leasachadh nan seirbheisean againn agus bidh sinn a' cur fàilte air beachdan nan com-pàirtichean, custamairean agus luchd-siubhail againn.

Bidh sinn a' cleachdadh an fhios-air-ais a gheibh sinn gus sùil a chumail air ar coileanadh agus gus am fiosrachadh seo a thoirt a-steach dhan phròiseas dealbhadh is riaghlaidh againn gus an t-seirbheis againn adhartachadh. Tha sinn toilichte leis an fhios-air-ais a bhios sinn a' faighinn agus tha sinn airson cluinntinn mu eisimpleirean de dheagh chleachdadh agus càileachd seirbheis a tha nan deagh eisimpleirean de na h-irean seirbheis a tha sinn a' feuchainn ri thoirt seachad.

Ma tha rud sam bith a tha thu airson innse dhuinn mu dheidhinn, no ma tha thu ag iarraidh barrachd fiosrachaidh mu Phuirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta, cuir fios thugainn:

Faic an làraich-lin againn::

www.hial.co.uk/contact-us

Cuir post-d thugainn:

info@hial.co.uk

Sgrìobh thugainn:

Puirt-adhair na Gàidhealtachd agus nan Eilean,
Àrd-oifis, Port-adhair Inbhir Nis, Inbhir Nis IV2 7JB



Innis gur toigh leat sinn air Facebook:

[@hialairports](https://www.facebook.com/hialairports)



Lean air Twitter sinn:

[@Hial_Airports](https://twitter.com/Hial_Airports)



Cùm ann an co-luadar air LinkedIn:

Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Eta



Lean air Instagram sinn:

[@hial_airports](https://www.instagram.com/hial_airports)

